

faileas

Fèisean nan Gàidheal's Newsletter • Iris 36 • An t-Sultain 2010 • September 2010

CÈILIDHEAN AIR CHUAIRT



Earra Ghàidheal CT

Tha sia cèilidhean air chuairt air a bhith a' siubhal air feadh na dùthcha as t-samhradh mar phàirt den phròiseact ùr Slighean Ùra air a libhrigeadh le Fèisean nan Gàidheal. Tha na cuairtean fhèin air a bhith air leth soirbheachail le còrr is dà fhichead neach-ciùil ealanta a' gabhail pàirt agus faisg air ceud àitichean eadar-dhealaichte eadar Cataibh agus An Drochaid Cham na lùib cuideachd.

Mus do lean iad orra le cuairt anns na sgìrean aca fhèin, fhuair a h-uile duine cothrom seachdain trànaidh a fhrithéaladh anns a' Phloc far an do choinnich iad ri sàr luchd-ciùil - Anna Massie, Alasdair MacGille Bhàin, Iain Somerville agus Blàr Dùghlas. B' e cothrom air leth buannachdail a bha seo dha na buidhnean airson eòlas a chur air càch a chèile agus comhairle luachmhor fhaighinn bho luchd-ciùil eòlach, proifeiseanta.

B' e tosgairean air leth a bha anns na com-pàirtichean airson iomairt nam Fèisean fhad 's a bha iad uile air chuairt, a' cluiche airson cèilidhean, consairtean, seiseanan agus dannsaichean aig ìre coimhearsnachd agus mar phàirt den Fhèis mhòr Belladrum agus Fèis Iomall Dhun Èideann.

Ghabh muinntir Fèis Rois an cothrom Cèilidh air Cuairt Eadar-nàiseanta a chur air bhonn am-bliadhna le ceathrar sàr luchd-ciùil òg a' faighinn an cothrom cluich mar phàirt de prìomh Fhèisean na dùthcha; Fèis Dùthchais Drochaid Cham, An Eisteddfod Nàiseanta agus Ionad Ealain Aras Eanna ann an Inis Oirr, Contae na Gaillimhe, Èirinn.



Fèisean Lochabair CT



Fèis Chataibh CT

This Summer has seen six Cèilidh Trails take to the road as part of Fèisean nan Gàidheal's Slighean Ùra – New Routes project. Involving more than forty talented young musicians and almost a hundred different venues from Caithness to Cambridge, the Cèilidh Trails have proved to be a great success.

All the participants were brilliant ambassadors for the Fèis movement, playing for ceilidhs, concerts, sessions and dances in their local communities, as well as performing at major events including the Belladrum Tartan Heart Festival and the Fringe Festival in Edinburgh. Fèis Rois added an international element to their Cèilidh Trail with four participants performing at the Cambridge Folk Festival, the National Eisteddfod in Wales and the Aras Eanna Arts Centre in Inis Oirr, Galway.

For more information and photos of the Cèilidh Trails please visit www.feisceilidhtrails.org or email ceilidhtrails@feisean.org.

Anns an iris seo:

Cèilidhean air Chuairt	1
Fèis Eilean an Fhraoich	2
Fèis Ghleann Albainn	2
Fèis na h-Òige	3
Iomairt Chiùil Òigrìdh	3
Blas 2010 on BBC Alba	3
Sgoil Shamhraidh Dhràma	4



FÈIS MOVEMENT WORTH OVER £2M TO THE HIGHLANDS & ISLANDS

Tha buaidh nam Fèisean a' cur còrr is £2m gach bliadhna dhan eaconamaidh, a rèir aithisg aig Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (HIE) a thèid fhoillseachadh aig coinneamh bhliadhnail Fèisean na Gàidheal ann an Ulapul.

Tha geàrr-chunntas san aithisg ùir, *Buaidh Eaconamach is Sòisealta nam Fèisean* ag innse gu bheil 49 cosnaidhean làn-thìde sa Ghàidhealtachd sna h-Eileanan tro iomairt nam fèisean a tha an urra ri ceòl traidiseanta, fèisean agus tachartasan. Tha an sgrùdadh cuideachd a' cur cuideam air a bhuidh chudromaich a th' anns na 'sgìrean dùbhlanaich' agus iad a' cur còrr air cairteal millean nota ris an eaconamaidh.

The economic impact to the region of the Fèis movement is over £2m annually, according to a report for Highlands and Islands Enterprise (HIE).

HIE announced three-year funding of £540,000 to Fèisean nan Gàidheal in September 2009. The report will be on our website at www.feisean.org.

FÈIS EILEAN AN FHRAOICH A' COMHARRACHADH CEANN-BLIADHNA SÒNRAICHTE

Bha seachdain thrang air thoiseach air comataidh Fèis Eilean an Fhraoich am-bliadhna 's iad a' comharrachadh ceann-bliadhna sònraichte. Tha fichead bliadhna air a dhol seachad on a chaidh an Fhèis a chur air bhog le Pròiseact nan Ealan ann an 1991. Thairis air na bliadhnaichean, tha comataidh na Fèise air grunn leasachaidhean a chur air adhart airson barrachd òigridh a thàladh chun na Fèise. A bharrachd air na clasaichean ciùil a tha iad a' tabhann do chlann eadar aois 8 – 18, tha iad air Cròileagan a chur air bhonn airson clann eadar aois trì agus ceithir agus clas a stèidheachadh do chlann a tha eadar aois còig agus seachd. Ann an 2008 chuir iad air dòigh Fèis gu sònraichte airson deugairean an toiseach far am faigh iad cothrom cuspairean ùra a thaghadh airson na sgilean aca a leudachadh agus cothrom a thoirt dhaibh co-obrachadh le luchd-ciùil ainmeil a bhios air am fastadh nan luchd-teagaisg. Tha còrr is 180 den òigridh a' frithealadh Fèis Eilean an Fhraoich a h-uile bliadhna.

Chaidh grunn de thachartasan a bharrachd a chur air dòigh am-bliadhna airson an fhicheadamh Fèis a chomharrachadh. Chaidh dannsa a chur air adhart ro thoiseach na Fèise airson gnothaichean a chur gu dol. Chaidh a chumail ann am British Legion Steòrnabhaigh le Deoch 'n Dorus. Chuir comataidh na Fèise air dòigh cèilidhean is dannsaichean ann an sgìrean eile cuideachd.

FÈIS NAN GARBH CHRÌOCHAN



Chaidh Fèis nan Garbh Chrìochan a chumail ann am Bun-sgoil Ath Tharchaill airson an dàrna turais eadar 19 agus 23 an Iuchar agus abair Fèis shoirbheachail! Le barrachd air 80 a' gabhail pàirt (a' toirt a-steach an fheadhainn òga) dh'obraich a h-uile sion gu math. 'S e sgioba math dha-rìribh a bh' aca mar as àbhaist. Chluich 'Gleus' – an còmhlan a chaidh a chur ri chèile le Cèilidhean air Chuairt Lochabair – aig an dannsa agus bha fìor dheagh oidhche ann!

Fèis nan Garbh Chrìochan was held in Acharacle Primary for the second year running and once again it was a great success with over 80 participants enjoying this year's events. The band 'Gleus', created by the Cèilidh Trail Project, performed at the Fèis dance which was a huge success.

Chaidh cèilidh a chumail ann an Talla Coimhearsnachd Liùrbost leis a' chòmhlan chèilidh ùr, Na Peatcutters, agus chaidh dannsa a chur air dòigh ann an Talla Coimhearsnachd Bharbhais is Bhrù le luchd-teagaisg na Fèise.



(Photo courtesy of Rod Huckbody, Stornoway Gazette)

Gu mì-fhortanach cha b' urrainn dhaibh caismeachd na Fèise a chumail am-bliadhna leis gu bheil iad ag obair air na rathaidean is cabhsairean am meadhan a' bhaile. Ach, chaidh partaidh a chumail na h-àite leis a h-uile duine a' gabhail pàirt anns an dannsa ainmeil Strip the Willow.

Thàinig an t-seachdain gu crìch anns an dòigh àbhaisteach air oidhche Haoine le Consairt na Cloinne. Thàinig iad nan ceudan airson sealladh fhaighinn air na sgilean a bha a' chlann air ionnsachadh tron t-seachdain. Airson cothrom a thoirt don chloinn eòlas a chur air obair-buidhne thàinig timicheall air leth-cheud còmhla a h-uile feasgar airson ceòl agus dannsa a chur ri òran Gàidhlig. Am-bliadhna 's e an t-òran a chaidh a thaghadh *Och, Och bha latha bha Fèill ort* agus aig a' chonsairt thàinig a h-uile duine a bha an lùib a' chlas air an àrd-ùrlar airson an t-òran a ghabhail còmhla ri chèile.

FÈIS GHLEANN ALBAINN

Chaidh Fèis Ghleann Albainn gu math a-rithist am bliadhna agus bha a' chomataidh gu math toilichte. Chaidh a cumail eadar 19 agus 23 An Lùnastal agus am measg nan cuspairean ri fhaighinn bha Obair-Stèidse, Fidheall, Meur-Chlàr, Giotàr, Drumaireachd, Dràma, Gàidhlig agus Bogsa. Chòrd an Fhèis ris a h-uile duine a bh' ann agus chaidh an consairt gu math.

The Fèis Gleann Albainn committee was delighted with another fantastic Fèis between 19th and 23rd August. This year's event saw Stagework classes being offered as well as Fiddle, Keyboard, Guitar, Bodhran, Drama, Gaelic and Accordion amongst others. The event was enjoyed by everyone involved. The vast amount of talent on show made for a hugely impressive concert.

The AGM in July saw two stalwarts of the Fèis stand down. Maria MacRae and Tracey MacAllister have worked tirelessly over the years and have decided to take a well-earned break. We wish them all the very best and look forward to welcoming them back in the future!

FÈIS LANNRAIG A TUATH

Chan eil cus ann ri ràdh mu dheidhinn Fèis Lannraig a Tuath nach deach a ràdh mar thà. Tha Elaine Spence agus an sgioba ga ruith gu snasail, sgiobalta.

'S i Gàidhlig a bh' aig a' chuid com-pàirtichean mar is trice agus bha e cho math sin a chluinntinn.

Bha sgioba air leth math aca - deagh luchd-teagaisg, deagh chomataidh agus biadh math san tuck-shop!

Chòrd an Fhèis ris a h-uile duine a ghabh pàirt. 'S math a rinn sibh!

What can you say about this event that hasn't already been said? Elaine Spence and the team have it running like a well oiled machine!

Once again, the amount of Gaelic to be heard amongst the participants was great. A super team of tutors and committee, helped by a brilliant tuck-shop, made for a great event which was enjoyed by everybody!

FÈIS EIGE

The 8th & 9th July saw the lovely Island of Eigg host Fèis Eige. There were just under 40 participants who enjoyed workshops in Accordion, Guitar, Fiddle, Whistle and Gaelic to name a few. The dance, as always, was a huge success and after a few weeks well-earned rest the committee will be coming together to look into the possibility of evening classes as well as undertaking an intense Gaelic course!

'S math a rinn sibh!

FÈIS ARAINN

Fèis Arainn took place at the end of July. Everyone had fun, with the penguin walk from the drama being one of the highlights. The family cèilidh was a great success with the Fèis band playing to a packed hall.

Anne Willoughby enjoyed her visit to Fèis Arainn this year. She was very impressed and paid credit to the long standing committee which has this Fèis running like clockwork. Anne commented that "the concert was exceptional, the Gàidhlig content remarkable and Mairi MacInnes's creativity and enthusiasm was very much reflected in the children's drama performances."

FÈIS NA H-ÒIGE - FÈIS PHÌOBAIREACHD

Chùm Fèis na h-Òige deireadh-seachdain de phìobaireachd air 27-29 Lùnastal ann an Ionad Bhad a' Ghiuthais anns an Aghaidh Mhòir.

Bha an fhèis seo fosgailte do chlann a tha aig ìre adhartach air an fheadan agus do phìobairean òga, le na clasaichean air fad air an cumail tro mheadhan na Gàidhlig. Bha trì com-pàirtichean deug an làthair 's nam measg bha clann às an Eilean Sgitheanach, à Malaig, à Inbhir Pheofharain agus Inbhir Nis. Fhuair iad oideachadh bho Chaoimhin Rodgers, Dougie Beck, Tormod MacArtair agus Calum Ailig Mac a' Mhaoilein.

Thuirt Dougie Beck, "Bha a' bhuidheann a bh' againn air leth comasach, agus thug e togail dhomh na bha sin de thàlant fhaicinn am measg na h-òigridh. 'S e làithean fada a bh' againn – dh'èirich a h-uile duine tràth agus glaic air choireigin a' cluiche na pioba airson ar dùsgadh! Chùm sinn a' dol gu anmoch – ach dh'obraich a h-uile duine gu cruaidh, agus chaidh na com-pàirtichean gu lèir dhachaigh le dòrlach phort ùra aca."

IOMAIRT CHIÙIL ÒIGRIDH YOUTH MUSIC INITIATIVE (TRADITIONAL)

The Royal National Mod is heading for Caithness this year but the YMI programme has been active in schools in the area for the last five years. The pupils have had access to a high standard of tuition from 'stars' such as Gordon Gunn, Addie Harper and Carol Anne Mackay. Every primary school in Caithness has had twelve weeks tuition per year in traditional music. Many schools have taken advantage of the visits, by working with the tutors to produce CDs, prepare for concerts and perhaps also Mod activities. All the tutors have been flexible in their approach, which allows them to meet individual school needs. Keiss Primary School, for example, produced an impressive "Carols Fae Keiss" Christmas CD which was sold for school funds.



Fèisean nan Gàidheal is responsible for the delivery of YMI (traditional) in all schools in the Highland Council area and indeed, far flung island schools are no exception. Rum, Eigg, Canna and Muck all have visits, although timetabling is difficult due to weather conditions.



Bha deagh spòrs aig na pìobairean òga a bharrachd air na clasaichean pìobaireachd 's iad cuideachd a' faighinn cothrom air cur-seachadan air a' bhlàr a-muigh agus anns an uisge fheuchainn aig Loch Mhùrlaig.

'S e làithean soirbheachail dha-rìribh a bh' aca shìos ann am Bad a' Ghiuthais, 's cò aige a tha fios nach tèid còmhlan-pioba Gàidhlig a chur air bhonn ann an ùine nach bi ro fhada.

Brave tutors battle their way through shark infested waters to bring traditional music experiences to very small classes!



The YMI programme has been extremely successful due to the commitment and professionalism of the tutors concerned. As the new school session resumed, tutors met with delivery providers in Strathpeffer to discuss issues affecting their delivery of the programme and to view new resources available.

Lilian Ross has produced a very attractive song book for children and Heather Forbes and Hugh Marwick have been working on a comprehensive whistle resource for use in the classroom. This resource will be used by tutors this session, in draft form, with the intention of final production after feedback on its use.



Should anyone require more information on the Youth Music Initiative (traditional) programme or details of the resources, please contact Rae MacEachern, YMI Schools Co-ordinator by email to rae@feisean.org

FÈISEAN A' MHONAIDH RUAIDH

Since being launched in October 2009 Fèisean a' Mhonaidh Ruaidh have received funding from the Scottish Arts Council to run two 'Trad in the Park' teenage groupwork weekends for intermediate musicians of S3 and above.

The first one took place in Glenisla in March with 8 young musicians under the guidance of the two tutors, Sharon Hassan and James Ross.

The next one will take place in Abernethy Centre, Nethy Bridge from 26th – 28th November. Further information please contact Caroline Sterritt on 01540 662165 or caroline.sterritt@feisean.org

BLAS 2010 ON BBC ALBA

Four programmes from the Blas Festival are to be broadcast on BBC Alba. The details are as follows:

Saturday 18 September @ 9pm
Repeated Friday 24 September @ 11.30pm
Donnie Munro, Ingrid Henderson, Iain MacFarlane and Ewan Robertson

Saturday 25 September @ 9pm
Repeated Friday 1 October @ 11.30pm

Bodega, Meantime, Bruce MacGregor & Friends, Caledonian Ceilidh Trailers and the Iain Morrison Band

Saturday 2 October @ 9pm
Repeated Friday 8 October @ 11.30pm

Shooglenifty, Niteworks, Skerryvore from Inverness Airport

Saturday 9 October @ 9pm
Repeated Friday 15 October @ 11.30pm

Aly Bain, Phil Cunningham and Margaret MacLellan from Arainn Shuaineirt, Strontian

ST ANDREW'S WEEKEND CÈILIDHS

Bidh Fèisean nan Gàidheal an-sàs a-rithist ann an co-bhonn ri Comhairle na Gàidhealtachd airson cèilidhean a chur air dòigh a' comharrachadh Oidhche Naomh Anndra. Bidh sinn ag amas air buidhnean às na Fèisean a ghabh pàirt anns na Cèilidhean air Chuairt a thoirt còmhla, cuide ri seinneadairean Gàidhlig air aoiheachd aca.

Fèisean nan Gàidheal will again be working with the Highland Council to celebrate St Andrew's Weekend with a series of cèilidh dances featuring Cèilidh Trails performers and guests, in various venues throughout the Highlands on Friday 26 and Saturday 27 November. Further information will be available on www.feisean.org and made available more widely nearer the time.

SGOIL SHAMHRAIDH DHRÀMA 2010 A' SÌOR NEARTACHADH



Eadar 5 agus 16 luchar bha 17 cleasaichean òga bho air feadh Alba an sàs anns an treas Sgoil Shamhraidh Dhràma, a chaidh a chumail ann am Port Rìgh. Fhuair na com-pàirtichean oideachadh anns a h-uile sgìl a tha a' buntainn ri dràma - cleasachd, gluasad, obair guth, sgrìobhadh agus tòrr eile. Chaidh na clasaichean seo a libhrigeadh le sgioba ealanta de luchd-teagaisg, nam measg Artair Donald (an stiùiriche ealain), Catriona Leacsaidh Chaimbeul, Daibhidh Walker, Ruairidh MacNeacail, Calum Rothach agus Frank McConnell.

Mar a thuirt Dougie Beck, Oifigear Dràma FhG, "Bha sinn air leth toilichte le sgoil na bliadhna sa, agus tha e coltach gun do chòrd a' chola-deug ris a h-uile duine a ghabh pàirt innte. Tha sinn air tòrr ionnsachadh bho na Sgoiltean Shamhraidh a chaidh a chumail mar-thà, agus tha sinn ro dheònach èisteachd ri molaidhean agus beachdan chom-pàirtichean agus luchd-teagaisg gus an Sgoil a leasachadh agus a neartachadh bliadhna air bhliadhna. Rinn sinn cinnteach am-bliadhna gum biodh Gàidhlig aig a h-uile neach-teagaisg, agus mar sin 's e fìor àrainneachd Ghàidhlig a bh' againn rè na cola-deug. Fhuair sinn barrachd iarrtasan am-bliadhna na fhuair sinn air bliadhnaichean eile is mar sin feumaidh gu bheil sinn a' dèanamh rudeigin ceart!"

A bharrachd air na clasaichean àbhaisteach, thàinig sgioba FilmG thugainn airson obair a dhèanamh còmhla rinn mu choinneimh na co-fharpais. Thèid an dà fhiolm a chaidh a chruthachadh a-steach don cho-fharpais.

Thàinig an Sgoil gu crìch le oidhche thaisbeanadh ann an Àros, Port Rìgh agus cothrom aig a' mhòr-shluagh faicinn na bha na seòid ris.

Bidh cinn-latha Sgoil Shamhraidh 2010 gan taisbeanadh a dh'aithghearr. Cùm sùil air www.feisean.org!

DANNSA-CEUM

Bha Fèisean nan Gàidheal glè fhortanach grèim fhaighinn air Melody agus Derrick Camshron à Ceap Breatann gus bùth-obrach a thoirt seachad do dhannsairean-ceuma san luchar am-bliadhna. 'S i Melody tè de na dannsairean as fheàrr san nòs seo, agus tha Derrick na shàr neach-ciùil.

Bha an dithis aca san dùthaich aig "North Atlantic Fiddle Convention 2010" ann an Obar Dheathain mar aoghean urramach, ach air an latha mu dheireadh aca, thàinig iad a dh'Eilginn far an do choinnich iad ri daoine às na Fèisean agus dannsairean eile airson còmhradh agus bùth-obrach.

Bha ùidh mhòr aca anns na Fèisean, oir tha iad le chèile an sàs ann am Fèis Mhàbu ann an Ceap Breatann.

Tha Fèisean nan Gàidheal fada an comain Pat Ballantyne agus Iain Richardson cuideachd airson Melody agus Derrick a thoirt a dh'Eilginn, agus do Iain airson taic-ciùil air an fhidhill.

Chì sibh barrachd mu Mheloody agus Derrick an seo - <http://www.myspace.com/melodyandderrickcameron>

Fèisean nan Gàidheal were very fortunate to be offered a step-dance workshop with Melody and Derrick Cameron from Cape Breton, Canada in July of this year. Melody is one of the top Cape Breton step-dancers, and her husband Derrick is a great guitarist.

ITRAD SERIES SHOWCASES BRIGHT YOUNG TRADS

The eagerly-anticipated iTRAD series featuring forty bright young traditional musicians commenced on BBC Alba on Monday 13 September at 8.30pm.

Created by mactv, iTRAD showcases eight young bands immersed in traditional music. In interviews, visits and live performances the programme makers capture the talent, drive and energy of our young musicians.

FÈIS MUSICIANS PERFORM ON BBC ONE IN NATIONAL LOTTERY AWARDS 2010



A group of four Fèis musicians performed live on BBC One at this year's National Lottery Awards, shown on Saturday 4 September.

The Awards were hosted by John Barrowman and included a special showcase performance from Lottery-funded groups, including Fèisean nan Gàidheal.

Taking part in the showcase were Iain Macfarlane and Sarah Barbour from Fèis Rois and Catriona Murray and Caitlin Sinclair from Fèis Chataibh.

The Awards were presented by celebrity guests including Kelly Brooke, William Roache, Benedict Cumberbatch, Larry Lamb, Amir Khan, Julia Bradbury and Matt Baker, with other live music performances from McFly and Taio Cruz.

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355

Facs 01478 613399

Post-d brath@feisean.org

www.feisean.org